


Duma

agus an leòmhan



An teacs a Frances Usher
Na dealbhan Stephen Lewis
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Ann an Afraga bha abhainn àlainn.
Ri taobh na h-aibhne bha craobhan àrda
agus mòran feur gorm.
Air bruaich na h-aibhne bha sìota bheag,
Duma, a' fuireach.



Aon latha bha Duma agus a màthair nan suidhe
fo na craobhan ri taobh na h-aibhne.

Bha a' ghrian ag èirigh.

“Èirich a-nis, Duma,” thuirt a màthair.

“Feumaidh tu thighinn agus ruith còmhla riumsa.”



Ach cha robh Duma airson èirigh.

“Carson a dh’fheumas mi ruith?” dh’fhaighnich i.

“Carson nach fhaod mi cadal an seo fad an latha?”


Thug màthair Duma putag dhi.

“Feumaidh a h-uile sìota ruith,” thuirt i.



“Trohad a-nis, Duma,” thuirt a màthair.

“Ruithidh sìota nas luaithe na beathach sam
bith eile ann an Afraga. Nas luaithe na sìobra,
nas luaithe na sioraf agus nas luaithe na leòmhann.
Cha ghlac creutair sam bith sinn!”



“Seall a’ chreag mhòr tha thall an siud,”
thuirt a màthair.

“An-diugh ruigidh sinn a’ chreag sin agus air ais.
Chì sinn cò bhios air ais an seo an toiseach.
Aon ... dhà ... trì ... FHALBH!”

Ruith Duma cho luath 's a b' urrainn dhi
ach cha do chùm i suas ri a màthair.

Nuair a ràinig
Duma a' chreag
bha a màthair air a
slighe air ais chun
na h-aibhne a-rithist.



Agus nuair a ràinig
Duma air ais bha
a màthair na suidhe
fo na craobhan.



“Cha robh siud dona,” thuir a màthair.

“Ach feumaidh tu ruith nas luaithe na siud.”

Trobhad. Nì sinn a-rithist e.”

“Tha mi ro theth,” thuir Duma.

“Tha mi ag iarraidh deoch fhuar.”

“Gheibh thu deoch nuair a thilleas tu,”

ars a màthair. “Trobhad a-nis!”



Dh'fhalbh màthair Duma na ruith a-rithist.
Ach cha robh Duma airson falbh.
Chaidh i sìos chun na h-aibhne airson deoch.



Bha dà shìobra ag òl deoch aig an abhainn.
Choimhead iad ri Duma.

“Tha sìotathan ag ràdh gu ruith iad nas luaithe
na beathach sam bith eile ann an Afraga,”
thuirt iad.

“Ach ruithidh sinne nas luaithe na thusa.”



Ruith na sìobrathan air falbh mar a' ghaoth
ach cha robh Duma ag iarraidh ruith.
Bha i ro theth.



Thàinig dà shioraf sìos chun na h-aibhne
airson deoch.

Nuair a chunnaic iad Duma thuirt iad,
“Tha sìotathan ag ràdh gu ruith iad nas luaithe
na beathach sam bith eile ann an Afraga.
Ach ruithidh sinne nas luaithe na thusa.”



Ruith an dà shioraf air falbh cho luath
's a b' urrainn dhaibh ach cha robh
Duma ag iarraidh ruith. Bha i ro theth
agus bha am pathadh oirre.



Ach às dèidh sin thàinig leòmhann mòr
sìos chun na h-aibhne.

“An ruith thusa nas luaithe na mise,
a shìota bheag?” ars esan.

“Mura ruith, ithidh mi thu gum dhinneir.”



Ruith Duma air falbh cho luath 's a b' urrainn dhi.
Ruith an leòmhan às a dèidh.
Chunnaic màthair Duma iad a' ruith agus
dh'èigh i, "Ruith, Duma, ruith!
Ruithidh sìotathan nas luaithe na beathach sam
bith eile ann an Afraga."



Ruith Duma cho luath is nach b' urrainn
dhan leòmhan a glacadh.

An uair sin ruith Duma gu a màthair.

“Nis tha fios a'm carson a dh'fheumas
mi ruith luath,” thuirt i.

Às dèidh seo is mise an sìota as luaithe a
bhios ann an Afraga.”